

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark  
(Èisteachd)

--

**X229/12/01**

TEISTEANAIS DIMAIRT, 20 CÈITEAN  
NÀISEANTA 1.00 PM – 1.40 PM  
2014

GÀIDHLIG  
AN ÀRD ÌRE

Roinn A: Èisteachd (Ceistean)

NATIONAL TUESDAY, 20 MAY  
QUALIFICATIONS 1.00 PM – 1.40 PM  
2014

GÀIDHLIG  
HIGHER

Section A Listening (Questions)

Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.

Làn ainm sgoile no colaiste

--

Baile

--

Ciad ainm(ean)

--

Sloinneadh

--

Latha breith

Là Mìos Bliadhna Àireamh an oileanaich

Àireamh an t-suidheachain

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

--

Na fosgail am pàipear cheist seo gus an tèid iarraidh ort.

Tha ceithir roinnean cheistean anns an deuchainn seo. Bu chòir dhut feuchainn air na ceithir roinnean.

An dèidh dhut Roinn A a dhèanamh—Èisteachd—fàgaidh tu an rùm deuchainn gus d' anail a ghabhail airson fichead mionaid.

An dèidh na h-ùine sin, bidh **dà** uair agad airson Roinnean B(i)–B(iii) a fhreagairt.



**Roinn A: Èisteachd**

**Ùine: 40 mionaid**

*Comharraidhean*

**CEISTEAN**

1. Cuin a chaidh an t-ionad-rèidio cogaidh a thogail air Hiort?

---



---

2

2. Cò bha ag obrachadh an ionad-rèidio?

---



---

2

3. Innis mar a bha dleastanasan cumail faire air an roinn.

---



---

2

4. (a) Dè am fiosrachadh sònraichte a bha aig sgioba-faire Eilean Hiort ri chruinneachadh?

---



---

2

(b) Cò thuige a bha iad a' cur an fhiosrachaidh seo?

---



---

2

5. (a) Dè a' chiad rud a mhothaich Niall Moireasdan aon mhadainn?

---



---

2

(b) Dè an ath rud a chunnaic e?

---



---

2

*Comharraidhean*

6. Ciamar a dh'aithnich sluagh Hiort gun robh rudeigin às an àbhaist a' tachairt?

---



---

2

7. Carson a rinn muinntir Hiort air an Allt Thioram?

---



---

2

8. Dè thuirt an guth Gearmailteach riutha?

---



---

2

9. (a) Ainmich dà rud a chaidh a mhilleadh.

---



---

2

(b) Dè bha iongantach mun tachartas?

---

1

10. Dè am milleadh a rinneadh air a' bhàt-aigeil an dàrna turas a thadhail i air Hiort?

---



---

2

**[Tionndaidh an duilleag**

*Comharraidhean*

11. Dè thachair faisg air na h-Eileanan Flannach?

---

---

2

12. Nuair a dh'fhàg na seòladairean Hiort, ciamar a bha iad a' faireachdainn agus carson?

---

---

---

3

(30)

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

# X229/12/11

---

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2014

DIMAIRT, 20 CÈITEAN  
1.00 PM – 1.40 PM

GÀIDHLIG  
AN ÀRD ÌRE  
Roinn A: Èisteachd (Earrann)

NATIONAL  
QUALIFICATIONS  
2014

TUESDAY, 20 MAY  
1.00 PM – 1.40 PM

GÀIDHLIG  
HIGHER  
Section A Listening (Transcript)

**This paper must not be seen by any candidate.**

Chan fhaod oileanach sam bith am pàipear seo fhaicinn.

Ri fhosgladh leis an tidsear nuair gheibhear am pàipear.



## STIÙIREADH DON TIDSEAR

### MA THA AN EARRANN RI LEUGHADH A-MACH (ANN AN ÈGINN A-MHÀIN)

1. Bu chòir feum a dhèanamh de na deich mionaidean mus tòisich an deuchainn airson eòlas mionaideach fhaighinn air an earrainn. Chan fhaic sibh na ceistean a tha rim freagairt agus chan fhaod sibh susbaint na deuchainn a chom-pàirteachadh ris na sgoilearan.

2. Aig toiseach na deuchainn, canaibh ris na sgoilearan:

Bidh 40 mionaid agaibh airson na deuchainn. Tionndaidhibh ur pàipearan ceasnachaidh. Faodaidh sibh notaichean a dhèanamh aig àm sam bith rè na deuchainn.

3. Leughaidh an earrann a-mach, a' bruidhinn gu soilleir agus gu nàdarra agus gun barrachd air ceithir mionaidean a ghabhail ris an leughadh. Na mìnichibh dad le ur làmhan, le fiamh aodainn no eile.

*(A' CHIAD LEUGHADH DEN EARRAINN)*

4. Canaibh ris na sgoilearan:

Tha 2 mhionaid agaibh airson coimhead air na ceistean.

5. Fanaibh 2 mhionaid, agus an uair sin leughaidh an earrann an dàrna uair, anns an aon dòigh san do leugh sibh a cheana agus a' gabhail a cheart uiread ùine.

*(AN DÀRNA LEUGHADH DEN EARRAINN)*

6. Canaibh ris na sgoilearan:

A-nis sgrìobhaibh ur freagairtean.

7. An sin fàgaibh an rùm. Chan fhaod sibh pàipear sam bith a thoirt leibh.

## STIÙIREADH DON TIDSEAR MA CHLUICHEAR AN CD

1. Tha an earrann air a clàradh dà thuras. Chan fhaic sibh na ceistean a tha rim freagairt agus chan fhaod sibh susbaint na deuchainn a chom-pàirteachadh ris na sgoilearan.

2. Aig toiseach na deuchainn, canaibh ris na sgoilearan:

Bidh 40 mionaid agaibh airson na deuchainn. Tionndaidhibh ur pàipearan ceasnachaidh. Faodaidh sibh nòtaichean a dhèanamh aig àm sam bith rè na deuchainn.

3. Tòisichibh an t-inneal.

*(A' CHIAD CHLUICH DEN EARRAINN)*

4. Nuair a chluinneas sibh na facail “crìoch na h-earrainn”, stadaibh an t-inneal. (Na cuiribh air ais an CD.)

5. Canaibh ris na sgoilearan:

Tha 2 mhionaid agaibh airson coimhead air na ceistean.

6. Fanaibh 2 mhionaid, agus an uair sin tòisichibh an t-inneal a-rithist.

*(AN DÀRNA CLUICH DEN EARRAINN)*

7. Nuair a chluinneas sibh na facail “crìoch na h-earrainn”, stadaibh an t-inneal.

8. Canaibh ris na sgoilearan:

A-nis sgrìobhaibh ur freagairtean.

9. An sin fàgaibh an rùm. Chan fhaod sibh pàipear sam bith a thoirt leibh.

## EARRANN

### Urchairean Hiort

Nuair a dh'ainmichear Hiort, mar as trice smaoinichidh sinn air eilean sìtheil, le sluagh a bha fad air falbh o dhraghan an t-saoghail mhòir. Chan ann mar sin a bha, ge-tà, aon latha sònraichte ann an 1918.

Goirid an dèidh dhan Chiad Chogadh tòiseachadh chaidh ionad-rèidio cogaidh a thogail air Hiort agus chuireadh buidheann à tìr-mòr chun an eilein airson obrachadh. Chaidh fir, Hiortaich nam measg, a thaghadh airson cumail faire. Mar bu trice b' e na Hiortaich a bha ri faire tron oidhche is na seòladairean à tìr-mòr air an latha. Bha aca ri fios a thoirt dhan ionad-rèidio air a h-uile soitheach a chitheadh iad sa Chuan Siar. Bha brath ga chur à sin chun ionad-airm san Allt Bheithe, ann an Siorrachd Rois, gus am biodh fios aig ceannardan na Nèibhidh mu ghluasad shoithichean mu Hiort.

Air madainn bhrèagha sa Chèitean 1918 bha Niall Moireasdan a' coimhead ri chuid chaorach nuair a mhothaich e do bhàta air faire, deas air Uibhist. Chunnaic e cuideachd 'rionnag' bheag a' gleansadh sa chuan, mu mhìle a-mach on chladach. Dè bha an siud ach bàt-aigeil Gearmailteach!

Goirid às dèidh sin, thòisich dùdach a' seirm on ionad-rèidio is dh'aithnich sluagh Hiort gun robh nàmhaid a' tarraing dlùth. Bha am bàt-aigeil air a thighinn a-steach dhan bhàgh. Rinn na Hiortaich, sean is òg, air an Allt Thioram, far an robh lag domhainn. Shaoil iad gum biodh iad sàbhailte an sin bho ghunnaichean nàmhaid sam bith.

Bha criutha a' bhàt-aigeil a-muigh air an deic, air an robh gunna mòr. Chualas guth Gearmailteach a' bruidhinn ri muinntir an eilein, le meagafòn. Thuirt e gun robh iad gus an ionad-rèidio a sgrios agus mhol iad dhan t-sluagh fasnach a ghabhail.

Chrùb a h-uile neach, a' feitheamh. Nuair a loisgeadh a' chiad urchair, bha am fuaim cho uabhasach is gun do dh'èirich na mìltean de dh'èoin-mara air iteig is chaidh gach beathach na bhoil. Loisgeadh còrr air seasgadh urchair. Sgriosadh togalach an ionad-rèidio. Chaidh mansa na h-eaglaise a bhualadh is chaidh ballaichean nan taighean-còmhnaidh a mhilleadh. Gu h-iongantach is gu fortanach, cha robh call beatha ann.

Ged a chaidh an rèidio a mhilleadh, chaidh aig eòlaichean air a càradh. Mar sin, trì seachdainean às dèidh an latha eagalaich ud, thadhail am bàt-aigeil air Hiort a-rithist. Mus d' fhuair i tuilleadh sgrios a dhèanamh, ge-tà, nochd tràlair a bha air a h-uidheamachadh le gunna-cogaidh is loisg iad air a chèile. Bhuaileadh tìr mòr a' bhàt'-aigeil agus chaidh triùir den chriutha a mharbhadh. Theich i, ach, faisg air na h-Eileanan Flannach, choinnich i ri bàta-airm Breatannach agus ghéill an criutha.

Chaidh sith a ghairm san t-Samhain 1918 ach dh'fhan cuid de na seòladairean air Hiort faisg air bliadhna eile. Ged a bha na seòladairean toilichte is iad a' dol dhachaigh bha cuid a bha duilich a bhith a' fàgail nan Hiortach ghasta, chàirdeil a choinnich riutha aig àm sònraichte ann an eachdraidh.

[CRÌOCH NA H-EARRAINN]



## **ACKNOWLEDGEMENT**

Listening Transcript Earann – Extract is adapted from “*Hiort Far na laigh a’ghrian*” by Calum MacFhearghuis. ISBN 0 86152 110 2. Published by Acair. Reproduced by kind permission of Acair Ltd.

FOR OFFICIAL USE

--	--	--	--	--	--

Total Mark  
(Leughadh)


Grand  
Total

**X229/12/02**

TEISTEANAIS  
NÀISEANTA  
2014

DIMAIRT, 20 CÈITEAN  
2.00 PM – 4.00 PM

GÀIDHLIG  
AN ÀRD ÌRE

Roinn B(i): Leughadh  
Roinn B(ii): Sgrìobhadh  
Roinn B(iii): Litreachas

NATIONAL  
QUALIFICATIONS  
2014

TUESDAY, 20 MAY  
2.00 PM – 4.00 PM

GÀIDHLIG  
HIGHER

Section B(i): Reading  
Section B(ii): Writing  
Section B(iii): Literature

**Lìon na bogsaichean seo agus leugh na tha sgrìobhte gu h-ìosal.**

Làn ainm sgoile no colaiste

Baile

Ciad ainm(ean)

Sloinneadh

Latha breith

Là Mìos Bliadhna Àireamh an oileanaich

--	--	--	--	--	--

--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--	--

Àireamh an t-suidheachain

**Na fosgail am pàipear cheist seo gus an tèid iarraidh ort.**

Tha ceithir roinnean cheistean anns an deuchainn seo. Bu chòir dhut feuchainn air na ceithir roinnean.

An dèidh dhut Roinn A a dhèanamh—Èisteachd—fàgaidh tu an rùm deuchainn gus d' anail a ghabhail airson fichead mionaid.

An dèidh na h-ùine sin, bidh **dà** uair agad airson Roinnean B(i)–B(iii) a fhreagairt.

Fàg ùine gu leòr airson gach earrann a chrìochnachadh.



**Leugh an sgeulachd agus freagair nad fhacail fhèin na ceistean a tha ga leantainn.****Uistean**

Ann am meadhan cuain, eilean beag. Mar chlosach uilebheist mharbh. Cnàmhan corrach cloiche a' nochdadh tro chraiceann tana feòir. Ach bha e a' toirt beagan bidhe agus taighean cloiche do na daoine a thàinig air a' ghaoith agus a dh'fhuirich ann mar dhuilleagan fliuch air balla.

Rugadh an uair sin, air an eilean, esan. Uistean.

Duine gasta, tapaidh, tlachdmhor, coibhneil a bha ann an toiseach. Agus mòr. Inntinn mhòr chruinn anns nach cluinnte mac-talla agus corp a bha doirbh a lìonadh. Dh'aithnicheadh an talamh a cheum agus dh'fhàgadh e làrach às a dhèidh. Bha cumhachd àraidh aige agus bha e mar mhagnat am measg phrìneachan ann an saoghal beag an eilein. Duine buadh-mhor. Bhiodh na daoine uile ga leantainn nuair a choisicheadh e tron bhaile.

Ach thòisich e ag atharrachadh.

Dh'fhàs e cruaidh agus dh'fhàs e pròiseil. Nuair a dhùineadh e a dhoras agus a bha iad cinnteach gun robh e ann an sàbhailteachd a thaighe, thòisicheadh an t-eilean a' smaoinichadh agus a' coimhead a chèile, gu sàmhach.

Foghlam cha robh aige ach na dh'ionnsaich e ann an oilthigh an t-saoghail mhòir—an t-eilean. Foghlam cruaidh 's cha dèanadh e gàire ach ainneamh. Ach cha dèanadh e gàire gun fhiost. Dh'fhosgadh e a bheul agus nuair a bhiodh càch air sgur, ghairmeadh e. Bha a ghàire cho trom, làidir ri a bhreugan.

Dh'innseadh e a' bhreug dha fhèin an toiseach anns a' chiad dol a-mach agus chreideadh e i. Bha seo ga chuideachadh gu mòr. Gach tachartas ann am beatha a' bhaile, chanadh esan facal mu dheidhinn. “Nach tuirt mi ribh an-uiridh”, chanadh e agus chanadh a h-uile fear no tè gun tuirt e siud an-uiridh ceart gu leòr.

An t-eilean? O, mar a b' àbhaist, ged a bha na seanairean a' cumail a-mach nach robh an latha aig àrd mheadhan an t-samhraidh idir cho fada 's a chleachd e a bhith. Ach nach ann ri gearan a bhios seanairean an-còmhnaidh agus cò a bhios a' toirt feairt orra?

Laigh an aois gu faiceallach air Uistean agus, leis gach bliadhna a chaidh seachad ann am barrachd is barrachd dorchadais, dh'fhàs a chumhachd mar bhalgan-buachrach anns an dorchadas.

Cha robh teagamh ann. Bha an latha a' sìor ghiorrachadh o bhliadhna gu bliadhna. A' bhliadhna a bha esan na trì fichead cha robh soilleireachd ann ach deich latha sa bhliadhna is cha do mhair e ach leth-uair gach latha.

Chan eil fhios cò thuirt “Uistean” an toiseach, nuair a thuig an sluagh an cunnart anns an robh iad, ach cha robh fada gus an robh an t-eilean gu lèir ga ràdh. Agus an ath latha ro èirigh na grèine thàinig an t-eilean gu Uistean.

Chuala e iad a' tighinn ach cha do leig e dad air. Thionndaidh e gu h-obann mar gum biodh iad air a thighinn air gun fhios dha. Agus thachair rud eagalach.

Thòisich Uistean a' bòcadh mar gum biodh e air a lìonadh le gaoth. Bha e ag èirigh dha na speuran! Suas, suas leis mar bhalg-gaoithe.

Bha an t-eilean gu tur fo sgàile an dorchadais a-nis, fad na bliadhna. Ach a dh'aindeoin sin, dh'fhuirich na daoine ann. Bha iad a' dèanamh grian den ghealaich agus ag òrdanachadh am beatha mar sin agus, ri tìde, bha iad sona gu leòr.

Aon latha soilleir gealaich thòisich dealanaich is tàirneanaich a' reubadh na h-iarmailt ach mu dheireadh chaidh na daoine a-mach mar na luchagan às an tuill oir dh'fheumadh iad. Ach ma chaidh, cha do thill, oir thuit an iarmailt air am muin. Am measg na thuit bha esan, Uistean. Cha d' fhuair dad beò air an eilean às le bheatha bhon bhuille ud.

Agus nuair a bhuail iad, nach ann a chaidh Uistean agus na companaich a thuit còmhla ris, a thàinig sìos cho cruaidh air an co-chreutairean, a-nise nam mìrean beaga biodach iad fhèin mar ataman agus, a' chiad uspag gaoithe a thàinig, sguab i leatha iad agus chrath i air feadh uachdar na mara iad.

*Stèidhichte air sgeulachd le Iain Moireach*

**[Tionndaidh an duilleag**

**CEISTEAN**

1. Cò ris a tha an sgrìobhadair a' coimeas an eilein sa chiad pharagraf agus dè tha sin a' sealltainn mu bheatha air an eilean?

---



---



---

3

2. (a) “Cnàmhan corrach cloiche”. Minich mar a tha cànan air a cleachdadh an seo airson barrachd buaidh a thoirt dhan dealbh.

---



---

1

- (b) Carson a tha thu smaoinich a tha an sgrìobhadair a' cleachdadh seantansan goirid aig toiseach na sgeulachd?

---



---

2

3. Nuair a tha e air a sgrìobhadh gun tàinig na daoine “air a' ghaoith” agus gun robh iad “mar dhuilleagan fliuch air balla” dè tha seo ag innse dhuinn mun deidhinn?

---



---

2

4. Dè a dh'fhaodadh e a bhith ciallachadh gun do dh'fhàg Uistean “làrach às a dhèidh”?

---



---

2

*Comharraidhean*

5. (a) Ciamar a tha an sgrìobhadair a' tarraing ar n-aire chun an atharrachaidh a thàinig air Uistean?

---



---

1

- (b) Ciamar, a rèir choltais, a bha na daoine a' faireachdainn mu Uistean aig an àm seo?

---



---

2

6. Nuair a tha e air a ràdh gum b' e “an saoghal mòr” an t-eilean, dè tha seo a' sealltainn mu nàdar nan daoine?

---



---

2

7. Ciamar a dh'fhàs Uistean cho math air na breugan?

---



---



---

3

8. Carson a tha an samhla gun do dh'fhàs cumhachd Uistean “mar bhalgan-buachrach” gu h-àraidh freagarrach?

---



---



---

2

**[Tionndaidh an duilleag**

*Comharraidhean*

9. (a) Dè cho dona is a bha an dorchadas mu dheireadh?

---



---

2

(b) Dè rinn na daoine mu dheidhinn agus saoil carson?

---



---

1

10. Dè rinn Uistean an uair sin agus dè a' bhuidhe a bha aig seo?

---



---

2

11. (a) Ciamar a dhèilig na daoine ris an dorchadas?

---



---

2

(b) Dè tha seo a' sealltainn mu nàdar dhaoine?

---



---

1

12. Ma ghabhas sinn ri Uistean mar neach-riaghlaidh, dè an teachdaireachd a tha thu a' smaoinichadh a tha aig an sgrìobhadair dhuinn mun deidhinn san sgeulachd seo?

---



---



---

2

**(30)**

**Sgrìobh air AON de na cuspairean a leanas.**

1. Aon latha.  
Sgrìobh mun chuspair seo ann an dòigh iomchaidh sam bith. **(30)**
  
2. “Bu chòir Alba a bhith saor.”  
Beachdaich air a’ chuspair seo, a’ cur dà thaobh na h-argamaid. **(30)**
  
3. Sgrìobh mu phrògram telebhisein, rèidio no film aig an robh buaidh mhòr ort, mar gum biodh tu a’ sgrìobhadh lèirmheas airson pàipear-naidheachd. **(30)**
  
4. (a) “An neach nach seall roimhe, seallaidh e às a dhèidh.”  
Sgrìobh sgeulachd ghoirid stèidhichte air an t-seanfhalac seo.  
  

**No**
  
- (b) Sgrìobh stòiridh a’ tòiseachadh, “’S beag a bha dhùil agam ris na thachair an latha sin.” **(30)**
  
5. “Nan robh an cothrom agam bliadhna a ghabhail a-mach . . .” **(30)**

**[Tionndaidh an duilleag**



**Freagair AON cheist :**

**ROSG (Prose)**

1. Tagh sgeulachd neo nobhail far a bheil rud a' tachairt ann am beatha caractar a tha ag atharrachadh a bheatha (no a beatha) gu mòr. Minich an t-atharrachadh seo agus innis mun bhuidh a bha aig an stòiridh ortsa. (30)
2. Tagh sgeulachd ghoirid no nobhail le cuspair a bha inntinneach dhut. Minich a' chuspair agus an dòigh a dhèilig an sgrìobhaiche rithe. (30)
3. Tagh dà sgeulachd ghoirid anns a bheil an aon seòrsa teachdaireachd. Innis mun teachdaireachd agus an dòigh sa bheil na sgrìobhadairean a dèiligeadh rithe. (30)

**BÀRDACHD (Poetry)**

4. Tagh pìos bàrdachd a dhùisg faireachdainn làidir annad no far a bheil thu air rud ùr ionnsachadh. Seall mar a thug am bàrd a' bhuidh seo ort. (30)
5. Gu tric tha teachdaireachd làidir ri lorg ann am bàrdachd. Innis mu aon phìos bàrdachd den t-seòrsa seo agus thoir do bheachd air an teachdaireachd agus air an dòigh-sgrìobhaidh. (30)
6. Tagh dà phìos bàrdachd a tha a' coimhead air an aon chuspair ann an diofar dhòighean. Seall mar a tha iad eadar-dhealaichte bho chèile a thaobh mar a tha am bàrd a' dèiligeadh ris a' chuspair. (30)

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

**[DUILLEAG BHÀN]**

**[DUILLEAG BHÀN]**

**[DUILLEAG BHÀN]**

### MARKER'S GRID

Candidate Name	
Candidate Number	
Section A	Èisteachd / 30
Section B(i)	Leughadh / 30
B(ii)	Sgrìobhadh / 30
B(iii)	Litreachas / 30
<b>Grand Total</b>	<b>120</b>